



COM-PÀIRTICHE RANNSACHAIDH SHOILLSE

Tha Soillse – an lìonra rannsachaidh nàiseanta airson cànan is cultar na Gàidhlig a ghlèidheadh is ath-bheothachadh - a' fiathachadh rannsaichean comasach is barantaichte a dhol nan com-pàirtichean den lìonra.

Gheibh com-pàirtichean rannsachaidh cothrom air cur ri obair rannsachaidh is eòlais an lìonraidh agus gabhail pàirt ann an co-labhairtean agus tachartasan iomchaidh eile.

Tha stiùireadh air com-pàirteachadh ann an lìonra rannsachaidh Shoillse ri fhaicinn anns na trì roinnean a leanas:

Rannsachadh agus Sgoilearachd:

- Cumail taic ri lìbhrigeadh amasan rannsachaidh Shoillse agus an sàs ann an leasachadh is cur a-steach tagraidhean rannsachaidh com-pàirteachaidh
- An sàs ann an ullachadh pròiseactan rannsachaidh com-pàirteachaidh, mar as iomchaidh
- Sgrìobhadh toraidhean rannsachaidh com-pàirteachaidh airson am foillseachadh ann an irisean freagarrach; leasachadh toraidhean rannsachaidh ann an cruthan iomchaidh airson conaltraidh le luchd-leughaidh eadar-dhealaichte agus a' cleachdadh caochladh dhòighean foillseachaidh, a leithid Geàrr-aithrisean Shoillse.

Co-obrachadh agus Lìonrachadh:

- Obair cuide ri co-obraichean rannsachaidh is obair gu h-èasgaidh airson taic a chur ris an lìonra
- Togail cheanglaichean sa bhuidhinn is co-obrachadh ann an lìonra na buidhne airson fios a sgaoileadh agus càirdeas a neartachadh airson obair rannsachaidh san àm ri teachd
- Gabhail pàirt ann an lìonraidhean taobh a-muigh na buidhne airson fios a sgaoileadh, aithne a chur air luchd-rannsachaidh eadar-nàiseanta agus tobraichean maoineachaidh a shònrachadh.

Obair Sgioba:

- Obair cuide ri co-obraichean rannsachaidh Shoillse air pròiseactan com-pàirteachaidh, mar as iomchaidh
- Obair cuide ri co-obraichean acadaimigeach air rannsachadh co-roinnte airson obair air foillseachaidhean com-pàirteachaidh a thoirt gu buil
- Com-pàirteachadh ann an coinneamhan is co-labhairtean freagarrach.



Buannachdan an lùib Com-pàirteachais:

- Taic airson coinneamhan rannsachaidh Shoillse a fhrithealadh
- Leasachadh acadaimigeach tro phròiseactan rannsachaidh com-pàirteachaidh cuide ri buill Shoillse
- Leasachadh dreuchdail agus pearsanta tro phlanadh pròiseict cuide ri buill Shoillse, agus com-pàirteachadh le co-thagraidhean airson maoineachadh rannsachaidh
- Cothroman airson tachartasan agus co-labhairtean Shoillse a fhrithealadh
- Cothrom air fios a chur ri lionra agus com-pàirtichean eadar-nàiseanta Shoillse.

Pròiseas-iarrtais:

Feumar cunntas-beatha agus litir tagraidh a chur gu Stiùiriche Shoillse:

An t-Àrd-ollamh Conchúr Ó Giollagáin

Stiùiriche

Soillse

Sabhal Mòr Ostaig

Slèite

An t-Eilean Sgitheanach

IV44 8RQ

Post-d: sm00cog@uhi.ac.uk

Fòn: 01471 888558